

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



26/10/2011

Please scroll down for English Version

Airson a sgaoileadh sa bhad

Colmcille a' cur fàilte air tairgsean ùra airson pròiseactan choimhearsnachd

Tha Colmcille, prògram com-pàirteachais a bhios ag adhartachadh an dualchais chànanach is chultarach co-roinnte eadar Èirinn is Alba, air cuairt ùr maoineachaidh fhosgladh gus taic a chur ri iomairtean coimhearsnachd ùra, foghlam, na h-ealain, foillseachadh agus pròiseactan òigridh air feadh na h-Alba.

Tro chuid obrach, tha Colmcille ag amas air tuigse àrach do eòlas is cultar eadar-mheasgte nan coimhearsnachdan Èireannach is Albannach, agus deasbad a bhrosnachadh mu dhraghan coitcheann co-cheangailte ri cùisean sòisealta, cultarach agus eaconamach a' coimhead ri fèin-mhisneachd a thogail an taobh a-staigh nan coimhearsnachdan Gàidhlig. Gus na h-amasan sin a choileanadh, tha Colmcille a' gairm com-pàirteachadh eadar raon fharsaing de choimhearsnachdan 's de bhuidhnean gus tagradh airson taic maoineachaidh mu choinneamh taic do phròiseactan ùra is de chaochladh sheòrsa. Faodaidh buidhnean an iarrtasan a chur a-steach suas gu 11 Samhain, agus airson tuilleadh fiosrachaidh agus foirm iarrtais tadhailibh air làrach-lìn a' Bhùird aig www.gaidhlig.org.uk.

Thuir Daibhidh Boag, Leasaiche Cleachdadh Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig: “Tha sinn airson gun gabh buidhnean làn chothroim air an sgeama thabhartasan seo. 'S e dleastanas Cholmcille coimhearsnachdan cànan a thoirt gu chèile agus eadar-obrachadh cuideachail adhartachadh, agus tha comas aig a' phrògram com-pàirteachais air sin a dhèanamh tro bhith a' cur air adhart prògram fiùghantach de leasachadh pròiseactan, solarachadh cheanglaichean, fiosrachadh is taic tabhartais.”

Thug Colmcille taic maoineachaidh o chionn ghoirid do sgeama iomlaid glè shoirbheachail eadar Plearaca agus Nis ann an Eilean Leòdhais, far na rinn an taobh eadar-nàiseanta cuideachadh a bha glè chudromach san dà àite. Tha Colmcille air leantainn air adhart a' cur taic is maoineachadh ri Iomain Cholmcille le bhith a' misneachadh gheamaichean eadar sgiobaidhean Gàidhlig ann an Èirinn is Alba, agus tha an iomlaid air a bhith glè èifeachdach ann an adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig / Gaeilge ann an suidheachadh spòrs.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu:

Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh is Cùisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.

Post-d: steven@gaidhlig.org.uk Fòn-làimhe: 07557 481 081

NOTA DO LUCHD-DEASACHAIDH:

'S e prògram com-pàirteachais a th' ann an Colmcille eadar Bòrd na Gàidhlig, a' bhuidheann air a bheil dleastanas a thaobh cànan is cultar na Gàidhlig adhartachadh ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta, agus Foras na Gaeilge, a' bhuidheann le dleastanas airson adhartachadh na Gaeilge ann an eilean na h-Èireann.

Chaidh Colmcille a stèidheachadh ann an 1997, agus tha e maoinichte le Riaghaltasan na h-Alba agus na h-Èireann le raon-dleastanais gus 'coimhearsnachd bheòthail eadar-obrachail a chruthachadh eadar Èirinn is Alba'. Tha Colmcille a' cur taic ri agus a' gabhail phròiseactan os làimh a bhios a' togail mothachadh den dualchas cho-roinnte eadar Èirinn is Alba. 'S e Gàidhlig is Gaeilge an cànan ann am mòran de na coimhearsnachdan traidiseanta a tha aig cridhe na Gàidhealtachd /Gaeltacht ann an Èirinn is Alba, agus tha iad air an cleachdadh gu làitheil le mòran daoine taobh a-muigh na Gaeltacht ann am bailtean mòra leithid Glaschu, Inbhir Nis, Dùn Èideann, Doire, Béal Feirste agus Baile Átha Cliath. Tha comas air choreigin ann an Gàidhlig aig 92,396 neach ann an Alba. A rèir a' Chunntais-sluaigh mu dheireadh, tha comas labhairt na Gàidhlig aig 58,652 agus 33,744 a bharrachd na sin le comas a' Ghàidhlig a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn. A rèir figearan a' Chunntais-sluaigh mu dheireadh, tha 1.66 millean neach ann am Poblachd na h-Èireann le comas labhairt ann an Gaeilge, agus 10.4% den luchd-còmhnaidh ann an Èirinn a Tuath a' cumail a-mach gu bheil beagan eòlais aca air a' chànan.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



26/10/2011

For immediate use

Colmcille welcomes new bids for community projects

Colmcille, a partnership programme which promotes the shared linguistic and cultural heritage of Ireland and Scotland, has opened a new round of funding to support new community initiatives, education, arts, publishing, and youth projects throughout Scotland.

Colmcille aims, through its work, to foster understanding of the diverse experience and culture of the Irish and Scottish Gaelic communities, and to encourage debate on common concerns in social, cultural and economic issues with a view to building self-confidence within the Gaelic language communities. To fulfil its aims Colmcille calls for the participation of a wide range of communities and organisations to apply for grants aid to support new and diverse projects. Organisations have until the 11th of November to submit their applications, for more information and an application form please visit the Bòrd's website at www.gaidhlig.org.uk.

Head of Gaelic Usage at Bòrd na Gàidhlig, David Boag said: "We would encourage organisations to make full use of this grant scheme. The purpose of Colmcille is to bring language communities together and promote constructive interaction, and the partnership programme has an enabling role through facilitating a dynamic programme of project development, providing contacts and information and grant-aid. "

Colmcille recently funded a very successful exchange between Plearaca and Ness on the Isle of Lewis where the international dimension made significant contributions to both places. Colmcille has also continued to support and fund Iomain Cholmcille by supporting matches between Gaelic-speaking teams in Ireland and Scotland, the exchange has been very effective in promoting Gaelic/ Gaelige usage in a sports environment.

For further information, please contact:

Steven Maclver, Communications and Corporate Affairs Officer at Bòrd na Gàidhlig.

E-Mail: steven@gaidhlig.org.uk Mobile: 07557 481 081

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



NOTE TO EDITORS:

Colmcille is a partnership programme between Bòrd na Gàidhlig, the body charged with promoting Gaelic language and culture in Scotland and internationally, and Foras na Gaeilge, the body charged with the promotion of the Irish language in the island of Ireland.

Colmcille was set up in 1997, and is funded by the Governments of Scotland and Ireland with a remit to 'create a vibrant interactive community spanning Ireland and Scotland'. Colmcille undertakes and supports projects that raise awareness of the shared Gaelic heritage of Ireland and Scotland. Gàidhlig and Gaeilge is the community language in much of the traditional Gaidhealtachd/ Gaeltacht heartlands of Ireland and Scotland and is also in use on a daily basis by many people outside the Gaeltacht in the cities of Glasgow, Inverness, Edinburgh, Derry, Belfast and Dublin. A total of 92,396 people have some Gaelic language ability in Scotland. According to the last Census 58,652 people can speak Gaelic, with an additional 33,744 having the ability to read, write or understand the language. According to the last Census figures 1.66 million people in the South of Ireland can speak Gaeilge, whilst 10.4% of residents in Northern Ireland claim to have some knowledge of the language.